Lèirmheas Bhliadhnail 2025

Fàilte gu ar Lèirmheas Bhliadhnail

’S e àiteachan brosnachail a th’ anns na taighean-tasgaidh againn. Bidh na h-àiteachan, na cruinneachaidhean agus na prògraman againn a’ brosnachadh feòrachas, cruthachalachd agus ionnsachadh nar luchd-amais, agus tha ar daoine air am brosnachadh gus ceanglaichean agus lorgan a dhèanamh tro rannsachadh agus compàirteachas. Anns an Lèirmheas Bhliadhnail againn airson 2025, tha sinn toilichte innse dhuibh mu chuid den obair agus coileanadh a bhrosnaich sinn thar nan 12 mìosan a dh’fhalbh.

Chuir sinn fàilte air còrr is 3.2 millean neach-tadhail gu ar taighean-tasgaidh, agus b’ e seo a’ bhliadhna bu trainge a bh' againn a-riamh. Tha sinn moiteil an Cruinneachadh Nàiseanta a cho-roinn le uiread dhaoine eadar-dhealaichte.

Mar a bha a-riamh, tha an obair againn air a bhith air leth farsaing. Am-bliadhna, sheall na taisbeanaidhean againn ri beatha phrìomhaidean agus an rannsachadh airson banachdach COVID-19, agus am measg nan nithean a fhuair sinn bha dà chinnean bho Linn an Umha, àireamhair a chleachdadh anns a’ chiad turas a sheas daoine air a’ ghealaich agus an neamhnaid fìor-uisge bu mhotha a lorgar ann an Alba an latha an-diugh.

Chomharraich sinn 50 bliadhna de Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich le deireadh-sheachdain an-asgaidh, nochd ar luchd-saidheans nàdair am fosail dìneasair bu tràithe agus bu choileanta a chaidh a chlàradh a-riamh ann an Alba, agus dh’fhoillsich sinn goireas air-loidhne ag innse nan sgeulachdan Gàidhlig air cùl cuid de na nithean sna cruinneachaidhean againn.

Chaidh cur ris an Ionad-chruinneachaidh gus comas stòraidh agus cothrom rannsachaidh air fuigheallan daonna a mheudachadh. Agus leudaich sinn ruigsinneachd ar bùthan-obrach airson sgoiltean ann an sgìrean ioma-bhochdainn agus airson sgoiltean ionnsachadh speisealta agus taic a-bharrachd.

Chan eil an seo ach geàrr-chunntas den obair againn ann an 2025, a chaidh uile a dhèanamh comasach leis an taic a gheibh sinn bho Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean-maoineachaidh, luchd-tabhartais, pàtranan, buill agus saor-thoilich eile. Taing don h-uile duine a thug taic dhuinn thar na bliadhna a dh’fhalbh. Tha sinn airson taing shònraichte a thoirt don luchd-obrach againn: tha an dealas, an dìoghras agus an tàlant gar togail gach latha.

Iain Ruiseal CBE, Cathraiche

An t-Oll. Chris Breward, Stiùiriche

A’ bhliadhna ann an àireamhan

3,220,496 neach-tadhail do na ceithir taighean-tasgaidh againn, a’ gabhail a-steach a’ bhliadhna a b' fheàrr a bh' againn a-riamh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail

Ghabh **219** saor-thoileach pàirt anns na tachartasan, pròraman, glèidhteachas agus obair-ghlèidhidh againn

131,100 mìle a thèid a shiubhal leis an Trama Taigh-tasgaidh ùr eadar Newhaven agus Port-adhair Dhùn Èideann gu samhradh 2027

Chaidh **390** nì a-mach air iasad gu **21** àite ann an Alba agus air feadh an t-saoghail

58 tabhartas luach £187,702 bhon Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh gus 25 cruinneachaidhean thaighean-tasgaidh a leasachadh air feadh na h-Alba

Fhuair **134** taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba taic tro thrèanadh, iasadan, trusadh, tabhartasan agus pròiseactan

Ag innse sgeulachdan ùra

Thug na taisbeanaidhean againn sealladh aghaidh ri aghaidh do luchd-tadhail air gnèithean bheathaichean ann an cunnart agus nochd iad eòlasan sònraichte Albannach air galar lèir-sgaoilte COVID-19.

Dh'fhosgail *Monkeys: Our Primate Family* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Ògmhios 2025, a' sgrùdadh beatha ar càirdean as dlùithe ann an saoghal nam beathach agus a' sgrùdadh mar a tha iad air atharrachadh gus mairsinn beò ann an diofar àrainnean.

A bharrachd air luchd-tadhail a thoirt aghaidh ri aghaidh le cuid de na prìomhaidean a tha sa chunnart as motha tro chòrr is 50 sampall tacsaidhdeirmidh, sheall e oidhirpean glèidhteachais leantainneach gus gnèithean a dhìon air feadh an t-saoghail.

Chaidh an taisbeanadh a chumail an toiseach aig an Taigh-tasgaidh ann an 2016 agus bhon uair sin tha còrr is leth mhillean neach air fhaicinn ann an sia dùthchannan a' gabhail a-steach Fionnlainn, Astràilia agus an Spàinn.

"Bha e uabhasach inntinneach. Bha gach fìrinn mu phrìomhaidean dìreach iongantach." Iris aois 11

Sheall *Injecting Hope: The Race for a COVID-19 Vaccine* an saidheans air cùl an rannsachaidh airson banachdach COVID-19. Tro chòrr is 80 nì a fhuaras aig àm àirde a' ghalair lèir-sgaoilte, dh'innis e sgeulachd an rannsachaidh, an leasachaidh agus lìbhrigeadh luath a' chungaidh-leigheis. Dh'innis an taisbeanadh eòlasan Albannach gun samhail, a' gabhail a-steach guthan bhon diaspora Afraganach ann an Glaschu mu leisg sa choimhearsnachd a bhith a' gabhail ris a' bhanachdaich.

Ruith *Injecting Hope* bhon Fhaoilleach chun a' Ghiblein 2025, mar phàirt de chuairt eadar-nàiseanta a chuir a' Bhuidheann Taigh-tasgaidh Saidheans air dòigh.

Chaidh fir-tàileisg Leòdhais ath-thaisbeanadh san Dàmhair gus sealladh iomlan a thoirt do luchd-tadhail air na nithean suaicheanta seo. Chaidh deich de na pìosan-geama meadhan-aoiseil a chur ann an cèis ùr, a' leigeil le daoine cùl nam pìosan fhaicinn airson a' chiad uair. Chaidh àite nas follaisiche a thoirt do na fir-tàileisg cuideachd aig an t-slighe a-steach do ghailearaidh Rìoghachd nan Albannach aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Lean *Audubon's Birds of America* air a chuairt anns na Stàitean Aonaichte nuair a dh'fhosgail e aig Taigh-tasgaidh Saidheans Nàdarra Houston ann an Texas sa Mhàrt. Fhuair luchd-tadhail cothrom dusanan de dhealbhan mionaideach fhaicinn bho aon de na leabhraichean tearc as ainmeile san t-saoghal. Thug Birds of America le John James Audubon (1785-1851) 12 bliadhna a chrìochnachadh agus tha e ainmeil airson nan dealbhan dràmadach meud-beatha aige de gach gnè eòin ann an Ameireaga a Tuath.

Thug *Treasures of the Viking Age: The Galloway Hoard* aon de na lorgan arc-eòlais as cudromaiche den linn seo gu Taigh-tasgaidh Astràilia a Deas ann an Adelaide. A' ruith bhon Ghearran chun an Iuchair 2025, thug an taisbeanadh sealladh do luchd-tadhail air saoghal meadhan-aoiseil eadar-cheangailte far an robh dearbh-aithne chultarail ag atharrachadh agus far an robh nithean sònraichte a' comharrachadh cumhachd, beairteas, spioradaileachd agus dualchas. Tha obair a' leantainn gus barrachd fhaighinn a-mach mu Chinnean Ghall-Ghàidhealaibh agus dìreach mus do dh'fhosgail e ann an Adelaide, chaidh eadar-theangachadh ùr fhoillseachadh de rùn-sgrìobhadh a lorgadh air aon de na fàinneachan-meòir airgid.

Cha robh an sgrìobhadh air a mhìneachadh roimhe ach tha luchd-rannsachaidh a tha a' sgrùdadh a' chinnein a-nis den bheachd gu bheil e a' ciallachadh: "Is e seo beairteas/seilbh na coimhearsnachd."

A' trusadh an ama a dh'fhalbh agus an ama seo fhèin

Bho chinneanan àrsaidh gu iongantasan saoghal nàdair, tha na sinn air trusadh a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' leantainn air adhart a' glèidheadh eachdraidh na h-Alba

Fhuaras dà chinnean Linn an Umha airson na nàisein a chaidh a lorg ann an Alba. Tha Cinnean Pheebles a' dol air ais gu 1000-800 RC agus tha còrr is 500 pìos agus co-phàirt umha is organach neo-àbhaisteach ann. Tha cuid den stuth gun samhail ann an àrc-eòlas taobh siar na Roinn Eòrpa agus dh'fhaodadh e ar tuigse air beatha ann an Alba ann an Linn an Umha atharrachadh. Chaidh iomairt togail-airgid a thòiseachadh gus taic a thoirt do chosgaisean glèidhteachais a' chinnein.

Tha claidheamh agus ceann sleagha umha air am pasgadh ann an diofar stuthan organach ann an Cinnean Chàrn Ùstaidh. Lorgadh an claidheamh na thruaill challtainn agus tha coilear òir sgeadaichte air ceann na sleagha – rud tearc aig an àm seo. Chaidh prìne agus suidheachadh umha a lorg cuideachd leis na buill-airm. Thèid an cinnean a shealltainn anns an taisbeanadh *Scotland's First Warriors*, a dh'fhosglas san Ògmhios.

Chaidh an neamhnaid as motha a lorgadh a-riamh ann an Alba an latha an-diugh a thaisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba às dèidh dhi a bhith air a buileachadh don chruinneachadh againn. Lorgadh neamhnaid Obar Neithich faisg air Abhainn Tatha ann am Peairt ann an 1967 agus thug i deicheadan ann an uinneag bùth sheudraidh ann am Peairt. Tha a meud de 11mm, a cumadh cruinn foirfe agus a dath brèagha uile ga dèanamh na h-eisimpleir air leth tearc. Cheannaich an seann sheudair Alistir Wood Tait an neamhnaid agus thug e seachad i don chruinneachadh Shaidheansan Nàdarra againn.

Chaidh cruinneachadh de 26 pìos leis an t-seudair ùr-nodha Peter Chang (1944-2017) a thoirt seachad le a chompairtiche agus a bhean, Barbara Santos-Shaw Chang agus na mic aca bhon chruinneachadh phearsanta aice. B' e "Fabergé an 21mh linn" a bh' air Chang, agus bha pìosan dathte soilleir is eireachdail air an dèanamh à sgudal plastaig am measg na h-obrach aige.

Chuir Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail fàilte air trì laoigh Ghàidhealach ùra aig an tuathanas eachdraidheil. Rugadh an càraid fhireann Arran agus Harris agus an laogh boireann Iona do mhàthraichean Ceo agus Airgead agus athair Lewis.

Chaidh àireamhair a thoirt dhuinn a chleachd neach-saidheans Albannach gus NASA a chuideachadh a' cur dhaoine air a' ghealaich airson a' chiad uair. Bhuineadh an t-inneal Facit Model LX do Archie Roy (1924-2012), Àrd-ollamh Reul-eòlais aig Oilthigh Ghlaschu. Bha e ag obair mar chomhairliche air àireamhachadh slighe-adhair airson sreath de thursan gealaich a shoirbhich mu dheireadh le misean Apollo 11 a chuir criutha Neil Armstrong sìos air uachdar na gealaich ann an 1969.

Ag itealaich gu h-àrd airson 50 bliadhna

Am-bliadhna, chomharraich Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich còig deicheadan de bhith ag innse eachdraidh itealaich na h-Alba.

Air 7 Iuchar, chomharraich Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich 50 ceann-bliadhna, àm suaicheanta ann an turas na làraich bho raon-adhair a' Chiad Chogaidh gu bhith na dachaigh airson eachdraidh itealaich ann an Alba.

Chaidh deireadh-sheachdain an-asgaidh de thachartasan sònraichte a chumail gus a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh, a' toirt cothrom do luchd-tadhail na h-itealain fhaicinn agus na sgeulachdan aca a chluinntinn tro òraidean agus cuairtean bho eòlaichean.

Chaidh an Taigh-tasgaidh a stèidheachadh às dèidh tabhartas de Spitfire Supermarine ann an 1971. Cha robh e freagarrach a thaisbeanadh ann an Dùn Èideann, agus chaidh a chumail aig seann ionad-adhair RAF ann an East Fortune agus, às dèidh tabhartas de dh'itealain eile, dh'fhosgail an Taigh-tasgaidh ann an 1975.

Rè a' cheann-bliadhna, tha rannsachadh air fios ùr iongantach a thoirt am bàrr mu eachdraidh an raon-adhair, a' nochdadh dà ionnsaigh armailteach air East Fortune a chaidh a chumail dìomhair aig àm an Dàrna Cogaidh. Dh'innis nota air sgrìobhainn tasglainn do luchd-glèidhidh mar a chaidh trì bomaichean a leagail air an raon-adhair san t-Samhain 1940. Faisg air bliadhna às dèidh sin, san Dàmhair 1941, thug gunnairean nàmhaid ionnsaigh air an làraich bhon adhar. Cha deach leòintich sam bith a chlàradh.

Gus luchd-tadhail a chuideachadh airson barrachd ionnsachadh mun làraich agus mun chruinneachadh, chaidh cuairtean claisneachd a thòiseachadh san Dàmhair 2024. Chaidh Madainnean Socair a chumail gach mìos cuideachd dhaibhsan a b' fheàrr tadhal air an taigh-tasgaidh aig àm nas ciùine.

Bha fèill mhòr a-rithist air *Awesome Bricks* a thill san Ògmhios airson deireadh-sheachdain de spòrs làimhseachail le LEGO®. Am measg thachartasan eile bha deireadh-sheachdain de ghnìomhachdan briseadh chòdan le taic bho chluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh, *360 Fest* a chomharraich a h-uile càil cruinn le cleasan baidhsagail agus taisbeanaidhean siorcais, agus *Sustainable Skies*, a rannsaich àm ri teachd de shiubhal adhair seasmhach mar phàirt de dh'Fhèis Saidheans Dhùn Èideann.

"Bidh tadhal air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich an-còmhnaidh a' còrdadh rinn ach b' e seo ìre eile de spòrs." Neach-tadhail air *360 Fest*

San t-Samhain agus san Dùbhlachd, ruith Sgrìobhadairean Tyne and Esk bùthan-obrach leis an sgrìobhadair Eleanor Thom airson timcheall air 150 sgoilear bun-sgoile. Dh'ionnsaich compàirtichean mu dheidhinn seann stuthan bhon Dàrna Cogadh agus an uair sin sgrìobh iad dàin mu na bha na nithean a' ciallachadh dhaibh.

Fhuair barrachd cloinne cothrom eòlas fhaighinn air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich air sgàth deuchainn air còmhdhail sgoile an-asgaidh. Chaidh an iomairt a mhaoineachadh le tabhartas bho Iain Bartholomew, saor-thoileach aig an Taigh-tasgaidh, gus dèiligeadh ris na cnapan-starra ionmhais a tha mu choinneamh sgoiltean ann an sgìrean nas bochda.

Fosgailte do na h-uile

Tha na taighean-tasgaidh againn airson a h-uile duine agus tha an obair againn air coimhearsnachdan a chuideachadh air feadh na h-Alba a bhith an sàs agus ceangal a dhèanamh ri nithean agus na sgeulachdan aca.

Gus cothrom a thoirt do bharrachd luchd-tadhail an taisbeanadh *Game On* againn a mhealtainn aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, chaidh feasgar ruigsinneach a chumail ann an compàirteachas le RNIB Alba agus Triple Tap Tech. Fhuair daoine le ciorram lèirsinn cuideachd taic bho chuairt don Taigh-tasgaidh le buidheann bho Ionad Mothachaidh Ghleann Fhoirthe a bharrachd air tro sheiseanan compàirteachaidh.

Chunnaic Injecting Hope: The Deaf Experience sinn ag obair le buill de choimhearsnachd nam B/bodhar gus film a chruthachadh a' nochdadh na dh'fhiosraich iad tro ghalar lèir-sgaoilte COVID-19. Air a mhaoineachadh leis a' Buidhinn Taigh-tasgaidh Saidheans agus Urras Wellcome, chaidh a shealltainn aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus mar phàirt de dh'Fhèis nam Bodhar Dhùn Èideann 2025.

Rè Mìos Àrc-eòlais na h-Alba, chaidh cuairtean mothachaidh de Ghailearaidhean na h-Alba aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a dhealbhadh leis an neach-ealain dannsa Aleena Ageeva, a' cleachdadh gluasad, suathadh, fuaim agus fàileadh gus na h-àiteachan a thoirt beò.

Ruith an sgioba Compàirteachadh Coimhearsnachd againn prògram ùr de sheiseanan *Museum Pick Me Up* ann an Ospadal Cloinne Dhùn Èideann, a' toirt artafactan fìor agus mac-samhailean gu euslaintich. Chomharraich tachartas aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba crìoch pròiseict leis a' Bhunait Teaghlaich Ioma-chultarach. Air a mhaoineachadh tro phrògram *Edinburgh 900 – Forever Edinburgh* aig Comhairle Baile Dhùn Èideann, bha sinn ag obair le inbhich gus aodach a chruthachadh air a bhrosnachadh leis na cruinneachaidhean againn, a bharrachd air an dualchas fhèin.

"Eòlas air leth cruth-atharrachail a thug dhomh an cothrom mo chruthachalachd a shealltainn agus mi a' cur an cèill na strì sòisealta agus pearsanta a bha mi tric a' cumail falaichte." Compàirtiche sa phròiseact

Chum Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba cuirm dhuaisean airson *Films of Scotland* – air a lìbhrigeadh ann an compàirteachas le Tasglann Ìomhaighean Gluasadach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Fonndas Film Òigridh na h-Alba agus VisitScotland – a' sealltainn fhilmichean a rinn daoine òga air am brosnachadh leis na cruinneachaidhean againn.

Dh'fhosgail Fèis Eadar-nàiseanta Cloinne Dhùn Èideann le Latha Teaghlaich an-asgaidh de thaisbeanaidhean pop-up, gnìomhachdan agus stàlaidhean luchd-ealain aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Bha ceòl is dannsa anns a' Ghailearaidh Mhòr air Latha na Bliadhn' Ùire airson *Sprogmanay* agus aig *Museum Late* far an robh còrr is 1600 neach a' gabhail pàirt ann an cèilidhean thairis air dà fheasgar.

"Fìor shealladh air beatha dhùthchail a dh'fhosgail saoghal gu sgoilearan nach biodh iad air fhaicinn a-riamh air dhòigh eile. Thug seo mòran toileachais dhaibh agus cothrom a bhith ag ionnsachadh a-muigh agus tighinn aghaidh ri aghaidh le beathaichean agus nàdar." Tidsear BS2/3

Ann an iomairt ùr, rinn sinn 20 sa cheud de na bùthan-obrach sgoile thar ar taighean-tasgaidh an-asgaidh do sgoiltean ann an sgìrean ioma-bhochdainn a bharrachd air sgoiltean ionnsachadh speisealta agus taic a bharrachd. Bha na bùthan-obrach a' toirt a-steach seisean dèanamh ime aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail anns an d' fhuair compàirtichean a-mach cò às a tha bainne, uachdar agus ìm a' tighinn, dh'ionnsaich iad mu eachdraidh dèanamh ime agus an uair sin rinn iad an t-ìm aca fhèin agus fhuair iad blasad dheth. Às dèidh sin, ghabh iad trèilear tractair Farm Explorer gus coinneachadh ris na beathaichean air an tuathanas.

A’ roinneadh ar n-eachdraidh

Tro iasadan do bhuidhnean eile, tha an Cruinneachadh Nàiseanta air ruighinn air luchd-amais nas fharsainge air feadh na h-Alba agus nas fhaide air falbh.

Chaidh nithean a bho thiodhlacadh 250 bliadhna a dh’aois air Mòinteach Airinis ann an Leòdhas a thoirt air iasad do Chomann Eachdraidh Cheann an Loch airson an taisbeanaidh, *Fear Mòinteach Airinis* sa Mhàrt 2025. Chaidh bonaid snàtha agus stuthan pearsanta a bha air am fìor dheagh ghleidheadh a lorg còmhla ri corp òganaich a dh’fhuiling sgàineadh air cùl a chinn – a’ ciallachadh gur mathaid gun deach a mhurt. Chan eil fios fhathast cò e, ach tha na treallaichean aige a’ toirt sealladh tearc air beatha anns na h-Eileanan Siar tràth anns na 1700an.

Bha uaireadair pòcaid airgid iom-fhillte a thug Seumas IV do aon de na dlùth charaidean aige, Raibeart Carra, a’ chiad Iarla Somerset, am measg nan nithean a chaidh a thoirt air iasad don taisbeanadh *The World of King James VI & I at the National Galleries Scotland: Portrait.* Chomharraich an taisbeanadh 400mh ceann-bliadhna bàs Sheumais agus a rìoghachadh iongantach tro sgeulachdan mu chàirdeas, teaghlach, connspaid agus àrd-amas.

Chaidh pannal leacan 350 bliadhna a dh’aois a thoirt air iasad do V&A Dhùn Dè às dèidh obair glèidhteachais mhòr gus barrachd den dealbhadh tùsail aige a shealltainn. Air a dhèanamh de 114 leac, thathas a’ creidsinn gun deach am pannal a chur an toiseach ann an taigh-ionnlaid aig lùchairt rìoghail ann an Isfahan. Anns a’ phròiseact glèidhteachais, a fhuair taic bho Maoin Ealain, chaidh am pannal 4.5m a leud a thoirt às a chèile gus tuigse fhaighinn air obair ath-nuadhachaidh eachdraidheil mus deach a chur ri chèile a-rithist. Chaidh a shealltainn anns an taisbeanadh *Garden Futures: Designing with Nature*. Tha Yubi Coates, neach air greis-obrach Glèidhteachas Aodaich aig a bheil taic maoineachaidh bho Leslie B Durst agus an Clothworkers Foundation, air kilim Turcach mòr ullachadh cuideachd airson a thoirt air iasad don taisbeanadh.

Chaidh stela Èiphiteach àrsaidh a thoirt air iasad don Young V&A ann an Lunnainn airson a shealltainn anns an taisbeanadh cloinne *Making Egypt.* A’ dol air ais gu timcheall air 1295-1186 RC, chaidh an ìomhaigh sgeadaichte a chruthachadh ann am faience, a tha a’ samhlachadh na cloiche leth-phrìseil lapis lazuli, air an robh fèill mhòr am measg nam phàraoh.

Chaidh Bachall Whithorn, slat umha òir bho dheireadh an 12mh linn, a thoirt air iasad do dh’Urras Whithorn ann an Dùn Phris. Chaidh bachallan a chleachdadh mar shamhla air easbaigean agus abaidean agus chaidh an tiodhlacadh ri taobh chlèireach cudromach. Lorgadh Bachall Whithorn ann an cladhach uaighean Easbaigean Priòireachd Whithorn.

A’ brosnachadh a chèile

Tha an obair againn le buidhnean eile san roinn air leigeil leinn sgilean agus eòlas a cho-roinn agus air cuideachadh le bhith a’ foillseachadh barrachd sgeulachdan mu chruinneachaidhean ann an Alba.

Tha *Communities and Crowds*, air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealan is nan Daonnachdan, na cho-obrachadh eadar Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Saidheans is Mheadhanan ann am Bradford, sgiobaidhean Zooniverse aig Oilthigh Oxford agus Reul-lann Adler ann an Chicago. Rinn am pròiseact deuchainn air dòighean-obrach saor-thoileach haidhbrid ann an didseatachadh chruinneachaidhean, ag obair le saor-thoilich ionadail agus a’ choimhearsnachd shaor-thoileach air-loidhne gus dealbhan a dhidseatachadh agus dàta nas beairtiche a lìbhrigeadh.

Chaidh lèirmheas nàiseanta fhoillseachadh a’ sgrùdadh chruinneachaidhean Afraganach is Cairibianach ann an taighean-tasgaidh ann an Alba agus a’ soilleireachadh cuid de na nithean agus na sgeulachdan a tha annta. Chaidh faisg air 25,000 nì a chomharrachadh rè a’ phròiseict 15-mìosan *Reveal and Connect*, anns an robh 32 cruinneachadh agus nì bho co-dhiù 70 dùthaich. Mheudaich an lèirmheas tuigse air eachdraidh agus dìleab coloinidheachd is ìmpireachd nan cruinneachaidhean sin. Air a mhaoineachadh le Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean na h-Alba, chaidh *Reveal and Connect* a stiùireadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Taighean-tasgaidh Beatha Ghlaschu, An Hunterian – Oilthigh Ghlaschu agus Cruinneachaidhean Oilthigh Obar Dheathain.

“A h-uile uair a bhios mi aig bùth-obrach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, bidh mi a’ faireachdainn mar phàirt de choimhearsnachd taigh-tasgaidh Albannach. Tha seo dha-rìribh luachmhor dhòmhsa a tha fhathast aig toiseach mo chùrsa-dreuchd.”

Thug a’ Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh seachad 58 tabhartas luach £187,702 uile gu lèir gu 25 buidhnean gus na cruinneachaidhean aca a leasachadh le nithean luach £451,700. Chaidh ochd tabhartasan eile luach £33,918 a thoirt seachad.

Fhuair Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean Dhùn Èideann trì castairean airgid ochd-thaobhach le tabhartas de £4,050. Chaidh an seata a dhèanamh ann an 1728 leis an òr-cheàrd à Dùn Èideann, Eideard Penman (1679-1729).

Fhuair an Hunterian ann an Glaschu dealbh peant-ola bhon 17mh linn leis an neach-ealain Duitseach Pieter Gerritsz van Roestraten le tabhartas de £6,990. Chaidh *A Still Life with Shells and Lizard in a jar of Spirits* a cheannach bhon neach-ealain anns na 1690an le Raibeart Carra, 4mh Iarla agus ciad Mharcais Lodainn. Fhuair Urras Dualchas Dhùn Dè tabhartas de £1,100 gus dealbh tùsail gelatin airgid fhaighinn den chiad shreap de Bheinn Erebus air Eilean Rois, an dàrna bholcàno as àirde san Antartaig. Chaidh an dealbh a thogail leis an eòlaiche-chreagan Dùbhghlas Mawson ann an 1908 aig àm an Turais Bhreatannaich don Antartaig fo stiùir Ernest Shackleton.

Às dèidh foillseachadh Aithisg Ath-sgrùdaidh nan Ulaidhean, chuir sinn ainm ri meòrachan tuigse le Neach-clàraidh an Rìgh agus an Àrd-ionmhasair a thaobh obrachadh Aonad nan Ulaidhean (TTU), as e a’ chiad phuing conaltraidh mu lorgan ùra arc-eòlais agus stuthan-tasgaidh. Às dèidh an ath-sgrùdaidh, tha an TTU a’ dèanamh phròiseasan nas èifeachdaiche agus a’ leasachadh conaltradh le luchd-luirge agus taighean-tasgaidh.

Tro ar Pròram Trèanaidh Nàiseanta lìbhrig sinn 17 tachartasan, a’ toirt seachad 355 eòlas ionnsachaidh do luchd-obrach agus saor-thoilich ann an 92 taigh-tasgaidh air feadh na h-Alba. Tha feart ùr anns a’ phròram againn a’ freagairt ri barrachd aire san roinn mu dhùbhlain seasmhachd àrainneachdail, bith-iomadachd agus atharrachadh gnàth-thìde. Chaidh seiseanan a lìbhrigeadh air cuspairean leithid neartachadh bith-iomadachd aig làraichean taigh-tasgaidh agus coimhearsnachdan a thoirt an lùib chòmhraidhean mu atharrachadh gnàth-thìde agus dèiligeadh gu cruthachail ri dùbhlain gnàth-thìde.

Ceanglaichean cruinneil

Tha sgeulachdan bho air feadh an t-saoghail air cùl nan nithean againn agus tha a bhith ag obair leis na coimhearsnachdan a tha ceangailte riutha a’ doimhneachadh tuigse chultarail agus a’ neartachadh dhàimhean.

Chaidh a’ chiad fhoillseachadh san RA de *Faovale Imperium*, pàirt de dh’Fhèis Ealain Dhùn Èideann, a chumail ann an gailearaidh Ri Aghaidh na Mara aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Lùnastal 2024. Air a chluich leis an fhear-àbhachdais à Sealan Nuadh/Samò, Seumas Nokise, agus DJ Don Luchito, b’ e freagairt an latha an-diugh a bh’ anns an taisbeanadh do dh’eachdraidh choloinidheach chruinneachaidhean a’ Chuain Shèimh. Bidh e a’ neartachadh tuigse chultarail agus dhàimhean.

“Tha tachartasan mar seo san àite seo agus leis a’ chruinneachadh a’ cur nar cuimhne gu bheil barrachd sgeulachdan ri lorg an-còmhnaidh, agus sealladh eadar-dhealaichte ri thuigsinn.” Neach san èisteachd

Bha nithean dùthchasach bho chruinneachaidhean Ameireaga am measg nan nithean gan taisbeanadh ann an *Cianalas is Dòchas I Homesickness and Hope – Stories of Hebridean Emigration* aig Taigh-tasgaidh nan Eilean ann an Leòdhas agus Beinn na Faoghla. Fhuair na h-iasadan taic bho Phròram Iasaid Weston Maoin Ealain.

Anns an Dàmhair 2024, thadhail buidheann-riochdachaidh à Taighean-tasgaidh Nàiseanta Uganda air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Chaidh an turas dà-shligheach a mhaoineachadh le Banca na Cruinne gus taic a thoirt do dh’ath-leasachadh Taighean-tasgaidh Nàiseanta Uganda. Dh’ionnsaich a’ bhuidheann-riochdachaidh mu ar dòigh-obrach a thaobh glèidhteachas, taisbeanadh, rannsachadh agus didseatachadh fhad ’s a

dh’ionnsaich sinne barrachd mu na cruinneachaidhean againn à Uganda.

Chaidh stàladh leis an neach-ealain agus clò-bhualadair Albannach-Nigèiriach Nkem Okwechime fhosgladh san Lùnastal 2025 mar phàirt de dh’Fhèis Ealain Dhùn Èideann. Bha Okolo, a fhuair pàirt-mhaoineachadh bho Alba Chruthachail, a’ rannsachadh eadar-obrachadh dearbh-aithne Eòrpach agus Afraganach an Iar agus nochd e obair-ealain stèidhichte air beachdan agus brosnachadh bho chuairtean gu Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Tha Okwechime cuideachd air a bhith ag obair le daoine òga bho bhuidhnean coimhearsnachd mun cuairt gus freagairtean don chruinneachadh a cho-chruthachadh.

Às dèidh pròiseact rannsachaidh a lean dà bhliadhna a’ sgrùdadh mar a nithear *shu*, aodach clòimhe a tha àbhaisteach ann an sgìre Chitral ann an ceann a tuath Phagastan, chaidh aodach fada *shoka* agus grunn shampallan a’ sealltainn a’ phròiseas dèanaimh fhaighinn airson a’ chruinneachaidh. Rinn am pròiseact, a fhuair maoineachadh bhon Phrògram Eòlas Stuthail ann an Cunnart, sgrùdadh air buaidh atharrachadh gnàth-thìde air cultar agus ciùird Chitrali.

Chaidh tursachan an neach-ealain dhùthchasaich Astràilianaich Judy Watson, *gumbi gumbi,stone tool, (2020),* fhaighinn airson ar cruinneachaidh agus tha e a-nis ri fhaicinn ann an gailearaidh Tìrean Beò aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Tha e na phàirt de chruinneachadh obrach a rinneadh mar fhreagairt do thursan rannsachaidh a ghabh Watson gu làraichean Breatannach aig a bheil cudromachd ro-eachdraidheil, a’ gabhail a-steach Cearcall Bhrodgar ann an Arcaibh, a bharrachd air tursan gu artafactan cultarail ‘First Australian’ ann an taighean-tasgaidh san RA.

A’ foillseachadh eòlas ùr

Tha rannsachadh air a bhrosnachadh leis na cruinneachaidhean againn agus a’ toirt a-steach na nithean againn air ar n-eòlas air an t-saoghal a leudachadh agus air dòighean-obrach saidheansail ùra a lorg.

Chaidh fiosrachadh mu bheatha ann an Alba milleanan de bhliadhnaichean air ais fhoillseachadh ann an sreath de phròiseactan rannsachaidh, a’ gabhail a-steach cladhach an fhosail dìneasair bu tràithe agus bu choileanta a chaidh a chlàradh a-riamh ann an Alba bho chladach san Eilean Sgitheanach. Tha luchd-rannsachaidh den bheachd gur e dìneasair ornithopod a th’ ann a bha beò timcheall air 166 millean bliadhna air ais.

Nochd sgrùdadh a’ coimhead air fosail a lorgadh ann an Graonlann mar a dh’fhàs cuid de na ciad mhamailean agus a sgaoil iad air feadh an t-saoghail. B’ e beathach meud luchaige a bh’ anns an fhosail a bhiodh ag ithe bhiastagan, agus sheall mion-sgrùdadh air na fiaclan aige mar a dh’fhaodadh na mamalan bu tràithe a bhith air fiaclan na b' iom-fhillte a leasachadh, rud a chuidich iad nas fhaide air adhart le bhith ag iomadachadh.

Chaidh sgeulachd beatha siompansaidhe ainmeil fhoillseachadh anns a’ chiad eachdraidh-chnàmhan coileanta de bheathach sù – dòigh shaidheansail ùr-nodha a bhios a’ dèanamh anailis air cnàmhan agus maothran. Bha *Choppers*, siompansaidhe iarach, na rionnag ann an sanasachd PG Tips anns na 1970an às dèidh dhi a bhith air a sàbhaladh bho phoidsearan ann an Sierra Leone. Chuir i còrr is 40 bliadhna seachad aig Sù Twycross agus b’ e an cothlamadh de stuth tasglainn mu a beatha agus mion-sgrùdadh eachdraidh-chnàmhan am measadh bu choileanta air beatha beathaich ann an cùram sù.

Tha leabhar ùr leis an Oll. Godfrey Evans, Prìomh Neach-glèidhidh Ealain Sgeadachaidh Eòrpach, ag innse sgeulachd taigh-ionmhais caillte na h-Alba, Lùchairt Hamilton, agus na nithean iongantach a bha ann uaireigin. Tha *Hamilton Palace: The Dukes of Hamilton and their Collections* a’ sgrùdadh eachdraidh an togalaich a tha a-nis air chall agus a’ sgrùdadh nan sàr obraichean ealain a bha ann, a tha a-nis ann an cruinneachaidhean thaighean-tasgaidh air feadh an t-saoghail. Nam measg tha an tazza Hamilton-Rothschild agus seata soithichean tì a rinneadh do Napoleon, a tha a-nis anns a’ chruinneachadh againne.

Tha am feadan pìoba-mhòir as sine ann an Alba, spàin adharcach a chruinnich bean-uasal às an Ostair agus clach-sheunta criostail-creige mheadhan-aoiseil am measg 15 nithean nar cruinneachadh a chaidh fhoillseachadh ann an goireas ùr dà-chànanach air-loidhne a tha ag innse nan sgeulachdan Gàidhlig air an cùlaibh. Tha na sgeulachdan nan toradh de phròiseact rannsachaidh, *Tha sgeul ri innse*, san do rinneadh ath-sgrùdadh air clàran nithean gus am biodh na ceanglaichean a th’ aca ris na daoine, na h-

àiteachan agus an cànan às an tàinig iad nas follaisiche. Tha am pròiseact air a stiùireadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an co-obrachadh le Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig. Am measg nan compàirtichean coimhearsnachd tha Comann Eachdraidh Nis agus Urras Oighreachd Ghabhsainn.

San Fhaoilleach, thàinig crìoch air *Do Not Feed The Animals,* a tha air a mhaoineachadh le Urras Wellcome agus air a stiùireadh le Oilthigh Exeter ann an co-obrachadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus oilthighean Reading agus Roehampton, le co-labhairt comharrachaidh far an do thaisbean compàirtichean a' phròiseict toraidhean an rannsachaidh aca. Rinn am pròiseact sgrùdadh air carson a tha daoine dèidheil air beathaichean a bhiadhadh agus dè a' bhuaidh a th' aig a' bhiadhadh sin. Chaidh an cruinneachadh againn a chleachdadh ann an grunn sgrùdaidhean a' gabhail a-steach coimeas air buaidh diofar dhaitheadan air cait mhòra agus siompansaidhean fiadhaich agus ann an sù agus sionnaich ruadha bailteil agus dùthchail.

Cùram agus glèidhteachas

Tha cùram agus rannsachadh ga dhèanamh air a' chruinneachadh againn aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Rinneadh obair glèidhteachais ùr-ghnàthach air dà bhratach sìoda tearc 200 bliadhna a dh'aois a chaidh a thoirt dhuinn. Chuir luchd-gleidhidh stuth coltach ri pàipear fo na brataichean gus uisge is salachar a tharraing asta. Tha na brataichean air an sgeadachadh le suaicheantas Luchd-dèanaimh agus Clachairean Corpachadh Ciùird Dhùn Èideann, a chaidh a stèidheachadh ann an 1475 agus a tha fhathast ann an-diugh. Fhuair am pròiseact glèidhteachais, a thug 400-uair a thìde, taic bho Chorpachadh Aonaichte Caibeal Naoimh Moire agus Mgr agus a' Bh-ph H B Field.

Chaidh neach-glèidhidh sònraichte a chur an dreuchd airson ar Bith-banca, le taing do thaic Fondas Negaunee. Tha còrr is 10,000 sampall bho bheathaichean a chaidh a thoirt seachad do na cruinneachaidhean againn anns a' chruinneachadh maothran reòta againn agus tha pailteas fiosrachaidh ginteil anns gach sampall a dh'fhaodar a chleachdadh gus rannsachadh saidheansail cudromach a dhèanamh nas fhasa agus gus taic a thoirt do riaghladh glèidhteachais.

Mar phàirt de phròiseact Cruinneachaidhean Fuigheallan Daonna Arc-eòlach na h-Alba, air a mhaoineachadh le tabhartas RICHeS bhon AHRC, chaidh àite-stòraidh ùr a chur a-steach aig an Ionad-chruinneachaidh gus comas stòraidh airson fuigheall daonna a leudachadh. Leigidh seo le fuigheallan a bhith air an gluasad bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba, gan dèanamh nas ruigsinniche airson sgrùdadh. Meudaichidh uidheamachd ùr, a' gabhail a-steach sganairean 3D ùr-nodha, ar comas air fuigheall daonna a sgrùdadh, a shamplachadh agus a chlàradh agus barrachd rannsachaidh a dhèanamh.

Tha baidhsagal bathair ùr a-nis stèidhichte aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta gus ionnsachadh practaigeach agus eòlasan cultarail a thoirt gu dìreach gu coimhearsnachdan air feadh Dhùn Èideann. Tha e a' leigeil leinn bùthan-obrach cruthachail ruigsinneach agus seiseanan làimhseachaidh nithean eadar-ghnìomhach a chumail le coimhearsnachdan ionadail. Tha am baidhsagal gu tur dealanach, a' ciallachadh gu bheil na sgaoilidhean carboin ìosal. Tha am pròiseact air a mhaoineachadh gu ìre le Maoin Coimhearsnachd Port-adhair Dhùn Èideann.

Bidh a-màireach nas uaine

Tha sinn dealasach a thaobh neoni lom a ruighinn agus ar suidheachadh a neartachadh mar ghoireas airson tuigse fhaighinn air dùbhlain gnàth-thìde agus bith-iomadachd

Ro 2027, tha sinn ag amas air a bhith gu math fada air an t-slighe gu neoni lom agus tha sinn ag obair gus seasmhachd a leasachadh thar ar gnìomhachdan uile. Chaidh lorg-coise carboin ar làrach-lìn a lùghdachadh le bhith a' cleachdadh cruthan-ìomhaigh ùr-nodha, faidhlichean cruth-clò nas lugha agus còd air a lughdachadh, agus a-nis tha àireamhair carboin ann.

Nochd an t-Suirbhidh Cho-obraichean againn air Atharrachadh Gnàth-thìde agus Call Bith-iomadachd barrachd giùlain san àite-obrach a tha mothachail air an àrainneachd agus barrachd cho-obraichean a' taghadh roghainnean le buaidh àrainneachdail nas ìsle airson siubhal an lùib na h-obrach. Chaidh buidseatan carboin a shuidheachadh airson siubhal airson gach roinn agus tha Poileasaidh Siubhail is

Bith-beò ùr air buaidh àrainneachdail siubhal luchd-obrach a lùghdachadh.

Tha sinn ag innse ar n-eòlais mun t-slighe gu neoni lom do cho-obraichean san roinn. B' e tachartas roinne a bh' ann an Riaghladh Carboin agus Planadh Neoni Lom a mhìnich ar dòigh-obrach airson neoni lom a ruighinn, a' gabhail a-steach leasanan a chaidh ionnsachadh agus comhairle air mar a dh'fhaodadh compàirtichean a dhol an sàs san obair seo san taigh-tasgaidh aca fhèin.

Chuidich dà phròram poblach, *Sewing Hope* agus *the Agency for World Change Agreements*, daoine gus a dhol an sàs ann an èiginn na gnàth-thìde agus bhrosnaich iad iad gus gnìomh a dhèanamh gu cruthachail. Ghabh còrr air 5,000 neach pàirt anns na pròiseactan, le taic bho Mhaoin Compàirteachadh Gnàth-thìde Riaghaltas na h-Alba, agus chaidh an toirt gu buil mar phàirt de *dh'Atharrachadh Gnàth-thìde do na h-Uile*. Cho-roinn tachartas air-loidhne, *Making Space for Creative Climate Action*, ionnsachadh bho na pròiseactan.

Rinn *Enhancing Biodiversity at Museum Sites* sgrùdadh air mar a tha sinn a' leasachadh na h-àrainn mun cuairt Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta gus bith-iomadachd a bhrosnachadh. Tha sgrùdaidhean air còrr is 300 gnè planntrais is ainmhidh a chlàradh aig an làraich agus tro chom-pàirteachas am-bliadhna le Lios Caisteal Ghranton, tha sinn air bogsaichean neadachaidh eun a thogail agus a chur an-àirde gus barrachd bith-iomadachd a bhrosnachadh.

B' e co-labhairt aon-latha a bh' ann an *Collecting Environmental Change* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a rannsaich mar a tha taighean-tasgaidh a' leasachadh chruinneachaidhean agus taisbeanaidhean a tha a' riochdachadh buaidh, agus freagairtean do, atharrachadh àrainneachdail.

Am measg nan tachartasan a chaidh a chumail gus Seachdain nam Biastagan a chomharrachadh bha òraid air boireannaich ann an eòlas mheanbh-fhrìdean agus dà thachartas teaghlaich; *Marvellous Moths* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus *Moth Hunters* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich.

Mòran taing do ar luchd-taice 2025

Tha sinn air leth taingeil don a h-uile neach agus buidheann a thug taic don obair againn am-bliadhna. Tha am fialaidheachd air a dhèanamh comasach an Cruinneachadh Nàiseanta a ghleidheadh agus a rannsachadh, agus na sgeulachdan a tha ann a lorg agus a sgaoileadh. Tha an taic aca cuideachd air Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a dhèanamh ruigsinneach do na h-uile tro thaisbeanaidhean agus pròraman thachartasan is ghnìomhachdan, an dà chuid gu pearsanta agus air-loidhne.

Luchd-taice

Maoin Ealain

An t-Oll. Iain Bartholomew

Bòrd na Gàidhlig

Ridseard is Catrìona Burns

Cairistìona Cahalan

Sir Sandaidh agus a' Bhaintighearna Crombie

Fondas Chruden

Ridseard MacDhàibhidh

Leslie B Durst

Comann Ealain Sgeadachaidh is Chruthachail Dhùn Èideann

Coinneach Greig

Flure Grossart agus A' Bhaintighearna Gay Grossart

Peadar MacSheumais

JW Keeling

Ceanadach Ting

Fondas K.T. Wiedemann

Iain Hamish Leslie-Melville

Lynda Logan

An t-Àrd-ollamh Raibeart agus Fulvia NicRath

Aonghas MacLeòid

Seumas Mac a’ Mhuilleir CBE

Calum Moireach CBE agus Muriel Mhoireach

Taighean-tasgaidh Gaileiridhean Alba

Urras Carthannach Nimar

Cluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh

Sir Uilleam Purves CBE agus a’ Bhaintighearna Purves

Diana Ritchie

Jacqueline Rose

Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE

Alasdair Wood Tait

Fondas Behrens

Companaidh Luchd-obrach Clòtha

A’ Bh-Uas Marybelle Dhruimeanach

Urras Leche

Urras Carthannach Murdoch Forrest

Fondas Negaunee

Urras Pilgrim

Urras Carthannach Teaghlach Wiseman

Seumas agus Sarah Troughton

Aiden Walsh

Fondas Uilleim Ghrannd

Nicky agus Stiùbhart MacUilleim

Uilleam Zachs

Pàtranan

Ailean agus Karen Aitchison

Geoffrey agus Màiri Ball

Patricia Barclay

An t-Oll. Iain Bartholomew agus a’ Bh-ph Mandy Bartholomew

Lorraine Bell agus Marcas Weisdorf

Calum agus Kira Bowie

An t-Àrd-ollamh Màiri Bownes OBE agus Mike Greaves

Ridseard agus Catrìona Burns

Sìne, Marchioness Bhòid

Morair agus Baintighearna Chamshron Loch Bhraoin

Teaghlach Carlson agus Beckett

Corinne Cervetti agus Àdhamh Fowler

Fiona agus Scott Christie
Sir Sandaidh agus a’ Bhaintighearna Chrombie
Iòsaph MacDhàibhidh agus Erin Hennessy
Mata agus Cairistìona NicDhàibhidh
Cailean Dempster agus Deborah NicThòmais
Bettina agus Peadar Druimeanach-Hay
Sir Daibhidh agus a’ Bhaintighearna Eideard
Dianne agus Jeb Embree
Iain agus Judith Evans
Marina Evans
Nick Felisiak
Seumas MacFhearghais
Ealasaid H Fleming
Britheamh Aonghas Foster agus an t-Oll Fionnghal Foster
Iain agus Mairead Fox
Sir Teàrlach agus A’ Bhaintighearna Fhriseal
Seumas Garden CBE agus Amanda Garden
Stanley agus Gloria Garnett
Tòmas Gauld
Gavin Gemmell CBE agus Ceit Gemmell
Steafan agus Catrìona Gòrdan-Dando
A’ Bhaintighearna Ghrannd
Alasdair Gray
Coinneach agus Sìleas Ghreig
Ros Hamilton
J Dùbhghlas Home
Morair agus Baintighearna Hope Chraighead
Sìm Horne
Flòraidh Nic an t-Sealgair
Ailean M MacIain
JW Keeling
Raibeart Carra
Sineag agus Barrie Lambie
Brian Lang CBE agus Tari Lang
Gavin Law agus Joanne NicIllEathain-Law
Lynda Logan
Donnchadh agus Ellie NicFhionghain
Mòr agus Lachie Mac an Tòisich
Sìm agus Catrìona Mac an Tòisich
Sir Hamish MacLeòid KBE agus a’ Bhaintighearna NicLeòid
Iain agus Ealasaid Marchant
Chris Masters CBE agus Gill Masters
An t-Àrd-oll. Alasdair MacColla Mac a’ Ghobhainn CBE agus an t-Oll. Ealasaid NicColla Nic a’ Ghobhainn MBE
Raibeart agus Fulvia NicRath

Seumas Uilleam MacPhàrlain Òg

Miller agus Anna NicIllEathain

Seumas MacIlleInnein

Aonghas MacLeòid agus Caimbeul Armor

Calum MacLeòid CBE

Anna McMenigall

Seumas Mac a' Mhuilleir CBE

Cè Mac a' Mhuilleir CBE agus Lee

Nic a' Mhuilleir

Sir Raghnall Mac a' Mhuilleir CBE agus a' Bhaintighearna Nic a' Mhuilleir

Calum Moireach CBE agus Muriel Mhoireach

Tormod agus Pam Mhoireach

Sìne agus Pierre du Pont

Sir Uilleam Purves CBE agus a' Bhaintighearna Purves

Mìcheal agus Carol Ramsay

Sir Iain Rankin OBE agus Miranda Harvey

Pòl MacRaibeirt agus Stephanie Donaldson

Cailean agus Hilary Ros

Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE

Raibeart agus Toland Sherriff

Lieut. Col. Crìsdean agus Sìne St. Victor-de Pinho, Baran agus Bana-bharan Phentland

Dàibhidh Mac Steafain CBE agus Alix Nic Steafain

Gracey Luckett Rankin Stoddard

Iain Sword CBE agus Flòraidh Sword

Anndra agus Màiri Telfer

Nick agus Catrìona NicThòmais

Susie NicThòmais

Seumas agus Sarah Troughton

Marcas Urchardan

Iain Wall

Max agus Sarah Ward

Sarah Whitley agus Greum Whyte

Nicky agus Stiùbhart MacUilleim

Eilidh Wiseman

Uilleam Zachs agus Màrtainn MacÀdhaimh

Dìleaban

Oighreachd Shìne Steven Donaldson

Oighreachd Shìne Nic an Tàilleir Ewan

Oighreachd Iain Gibson

Oighreachd Anna agus Albert Gregory

Oighreachd Mhaireid G. Moore

Oighreachd Mhaireid R. Thorburn

Buill Taighean-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus a h-uile duine nach eil airson gun tèid an ainmeachadh

Bòrd Urrasairean

Iain Ruiseal CBE (Cathraiche)
Anna Nic Ailein MBE (thàinig a teirm gu crìch 31 Màrt 2025)
An t-Àrd-ollamh Màiri Bownes OBE (thàinig a teirm gu crìch 30 Sultain 2024)
Motaram Mimi Brophy
Àdhamh Brus (thàinig a theirm gu crìch 30 Sultain 2025)
An t-Àrd-ollamh Monojit Chatterji (thàinig a theirm gu crìch 6 Ògmhios 2024)
An t-Oll. Hermione Cockburn OBE (air a cur an dreuchd 1 Dàmhair 2024)
Judith Cruikshank (air a cur an dreuchd 1 Dàmhair 2024)
An t-Àrd-ollamh Manuel Fernández-Götz
Greum Gibson
Steafan Gòrdan-Dando
Sally NicAoidh (air a cur an dreuchd 1 Dàmhair 2024)
An t-Oll. Brìghde NicConaill CBE
Ealasaid NicFhilip
An t-Àrd-ollamh Ridseard Oram
Seònaid NicSteafain (thàinig a teirm gu crìch 31 Màrt 2025)
An t-Àrd-ollamh Iain Wall
An t-Oll. Laura Young MBE

Urrasairean Urras Carthannach Taighean-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Seumas Fearghasdan (Cathraiche)
Crìsdean MacThòmais (Rùnaire)
Jo Elliot
Coinneach Greig
Iain Ruiseal CBE
Lindsay Scott
Màrtainn Mac na Ceàrdaich
An t-Oll. Laura N Young MBE

Bòrd Fondas Ameireaganach Thaighean-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Lynda Logan (Cathraiche)
Iòsaph MacDhàibhidh
Iain J Fox

Raibeart Sherriff

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a’ gabhail cùram de chruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh agus gam mìneachadh airson luchd-amais farsaing
Dealbh: Stela Èipheiteach àrsaidh ann am faience soilleir gorm gloinichte, 19mh Rìoghrachas, c1295-1186 RC

Còmhdach aghaidh: Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Creidisean deilbh rim faighinn aig www.nms.ac.uk/review
Faic ar Làn Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan aig:
www.nms.ac.uk/review
Tha tionndadh Beurla den Lèirmheas seo ri fhaighinn aig: www.nms.ac.uk/review

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail

Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh

Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Srèid Chambers, Dùn Èideann EH1 1JF
0300 123 6789
info@nms.ac.uk
www.nms.ac.uk
Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Buidheann Carthannais Albannach Àir. SC011130